

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR SEACHDAIN MHÒR DO NA H-EALAIN GHÀIDHLIG**

**09 An Dùbhlachd 2010**

Tha Bòrd na Gàidhlig air fàilte a chur air luchd-ealain na Gàidhlig an dèidh seachdain iomraiteach nuair a chaidh tè de bhana-sheinneadairean na Gàidhlig a chomharrachadh airson a' chlàir as fheàrr dhen bhliadhna, agus nuair a chaidh Tobar an Dualchais a chur air bhog air an eadar-lìon. An-diugh (Diardaoin, Dùbhlachd 9, 2010) tha còrr is 15,000 de ghnothaichean clàraichte ann an Gàidhlig, Albais, agus Doric gam foillseachadh air-loidhne tro Thobar an Dualchais. Tha an stuth air a thional bho chruinneachaidhean stòrais a' BhBC, Sgoil Eòlais na h-Alba agus Cruinneachadh Chanaigh le Urras Nàiseanta na h-Alba, agus tha iad nan toradh air barrachd air 80 bliadhna de shaothair luchd-cruinneachaidh. Chaidh am pròiseact a cho-òrdanachadh le Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach agus bha cosnadh ga chumail ri suas gu 40 neach aig diofar amannan an-sàs ann an grunn earrannan fa-leth dhen obair, a mhòr-chuid dhiù stèidhichte nan dachannan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Chaidh an stuth a dheisealachadh airson an eadar-lìn thar na còig bliadhna a chaidh leis a' phròiseact Tobar an Dualchais/Kist o Riches agus tha an stuth a-nis air cruth-atharrachadh bhon chiad sheann dhòigh air clàradh gu dreach didsiteach. Chuir Bòrd na Gàidhlig taic de £322,250 ris a' phròiseict rè ùine. Thuirt Art MacCarraig, Cathraiche a' Bhùird: "S e stòras prìseil a tha seo a tha fìor dheanamach agus na phàirt air leth cudromach do chultar na h-Alba. Fosglaidh Tobar an Dualchais sùilean agus cluasan dhaoine gu ceòl is òrain bho air feadh na dùthcha, agus chan e Gàidhlig a-mhàin. 'S iongantach gu bheil a-leithid air feadh an t-saoghail agus bu chòir dhuinn uile a bhith moiteil à na rinneadh airson a thoirt chun na h-ìre seo. Bu chòir fàilte a chur air seo fad is farsaing agus tha ar taing a bhith aig leithid Sgoil Eòlais na h-Alba a th'air na dorsan aca fhosgladh chun t-saoghail agus am BBC a th'air suas gu 2,000 uair a shìde de stuth eadar am Mòd agus 'Dèanamaid Adhradh' a chur air an làrach." Chuir Mgr MacCarraig cuideachd fàilte air an naidheachd gun deach taic luach £250,000 ainmeachadh leis an Riaghaltas do ealain traidiseanta na h-Alba air an deireadh sheachdain, nuair a ghlèidh grunn Ghàidheil duaisean aig cuirm Dhuaisean a' Chiùil Traidiseanta am Peairt. Chaidh an duais airson clàr na bliadhna gu Julie Fowles airson Uam; duais cruthachaidh ciùil na bliadhna gu Iain Moireasdan; chaidh Eilidh NicChoinnich ainmeachadh mar sheinneadair Gàidhlig na bliadhna agus chaidh urram shònraichte a bhuileachadh air Dòmhnall MacRath airson na rinn e fad a bheatha a' seinn an Gàidhlig. A bharrachd air sin, chaidh Duais Shònraichte

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



airson Cur ri Ceòl na Gàidhlig, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, chun BhBC airson an t-sreath phrògraman Bliadhna nan Òran. Bha Art MacCarraig an-sàs anns an t-sreath ann an grunn dhòighean. Thuirt e: “Gu pearsanta, tha Bliadhna nan Òran air tlachd agus toileachas a thoirt dhomh fad na bliadhna agus b’ fheàrr leam gum cumadh e a’ dol! Ach aig ìre eile, tha Bliadhna nan Òran air sealltainn dhan t-saoghal mhòr am beartas de dh’òrain, seinneadairean agus sgrìobhadairean a bha againn, agus a tha againn fhathast gu ìre, ann an Gàidhlig. Mar ghoireas do sheinneadairean, gu sònraichte do sheinneadairean òga, a tha ag iarraidh an eòlas aca air òrain a leudachadh, tha an làrach lìn ar leth feumail. Tha e mìorbhaileach gu bheil an comas aig daoine a dhol a-steach agus èisteachd ri diofar sheinneadairean a’ seinn an aon òran, agus gu bheil na faclan agus fiosrachadh mu na seinneadairean agus mun sgrìobhadairean uile san aon àite.” “Bu mhath leam meala naidheachd a chur air luchd na Gàidhlig a thog na duaisean aig a’ Chuir ann am Peairt. Tha an dòigh anns a bheil iad còmhla a’ cumail ceòl is òrain Ghàidhlig air beul an t-sluaigh agus a’ togail dhuaisean son leithid a’ chlàir is fheàrr dhen bhliadhna airson an dàrna turas a’ sealltainn cho làidir sa tha na h-ealain Ghàidhlig an dràsta. A’ cur sin an-lùib an taic de £250,000 a dh’ainmich Ministear a’ Chultair Fiona Hyslop do na h-ealain traidiseanta air feadh na dùthcha, 's e fìor dheagh sheachdain a tha air a bhith ann do na h-ealain agus saoghal na Gàidhlig.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG CELEBRATES WIDER ACCESS TO GAELIC'S RICH TRADITIONS**

**09 December 2010**

Bòrd na Gàidhlig has hailed as a “significant milestone” one of the most notable weeks in Gaelic entertainment and wider access to the hitherto hidden gems of music and song. It encompassed a period which saw, amongst other achievements, another Gaelic singer recognised for producing the best album of the year and the new Tobar an Dualchais/Kist of Riches going live on the internet. Later today (Thursday, December 9, 2010) more than 15,000 items of Gaelic, Scots and Doric in a variety of forms of original recording will be made available on the internet through Tobar an Dualchais/The Kist of Riches. The material draws on the vast resources of the BBC, The School of Scottish Studies in Edinburgh and the National Trust for Scotland’s remarkable Canna Collection. It is the culmination of a research project which show-case the work done by a number of collectors over a period of 80 years. The project has been co-ordinated in Skye at the Sabhal Mòr Ostaig and at various points it has seen around 40 people working from home across the Highlands and Islands, cataloguing and researching the material. The material was processed over the last five years through the Tobar/Kist and has now been transformed from the recordings’ variety of original formats to digital material. The project received £322,250 of funding from Bòrd na Gàidhlig during its development phase. Arthur Cormack, Cathraiche (Chair of the Bòrd said: This is a priceless store of material and it is a vital part of Scotland’s rich cultural heritage. Tobar an Dualchais will open everyone’s eyes and ears to music and song from throughout Scotland, and not just Gaelic. I doubt if there is any similar resource world-wide and we should all be very proud of what has been achieved so far. I am sure that the facility will be widely welcomed and we are grateful to the likes of the School of Scottish Studies, which has thrown its doors wide open in this way, and to the BBC which has made around 2,000 hours of recorded material from Mod competitions to church services available for the website.” Mr Cormack also welcomed the Scottish Government’s confirmation of £250,000 of support for Scotland’s traditional arts which was announced at Saturday’s Scottish Traditional Music Awards ceremony in Perth when Gaelic entertainers were once again amongst the award winners. The award for best CD of the year went to singer Julie Fowls for Uam; Iain Morrison was awarded the composers’ prize; Eilidh MacKenzie was named Gaelic singer of the year and the legendary Donald MacRae was inducted into the Hall of Fame. In addition to the personal nominations, a special award for services to Gaelic Music, sponsored by Bòrd na Gàidhlig, was made to the BBC for their year-long series Bliadhna nan Òran (the Year of Song). Mr Cormack was involved in the series in a personal capacity at

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



various stages, including being part of the final judging panel. He said: “On a personal level I took a great deal of satisfaction and pleasure from the series and it would be wonderful if it could be extended! However, at another level altogether, Bliadhna nan Òran has shown everyone how rich the Gaelic tradition is through song, music, composition and writing, not just in the past, but in the modern era. As a resource for singers, and especially young singers who are trying to extend their knowledge base and repertoires, this is an invaluable asset. It is simply fantastic to be able to go onto a website such as this and listen to people singing songs in their own styles and variations, whilst being able also to access the words and the history of the song, as well as information about the background and composers.” “I would like to congratulate all the Gaelic performers who picked up awards in Perth. The way in which they individually and collectively represent Gaelic on the wider stage, in part through the recognition that award-winning status brings, for example for picking up the best CD title for the second time, shows that the Gaelic arts are in very robust health. Putting all of that alongside the Scottish Government’s commitment of £250,000 confirmed by the Minister Fiona Hyslop MSP it has been a very good week for Scotland’s traditional arts, and the Gaelic arts in particular.”